


STORYWORLDS




An nathair nach dèanadh siosarnaich



Shoo Rayner

An
nathair
nach dèanadh
siosarnaich



An teacs a Shoo Rayner
Na dealbhan Shoo Rayner
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Tha fios againn uile gun dèan
nathraichean siosarnaich.
Uill, seo stòraidh mu nathair
nach b' urrainn siosarnaich.
'S e Snàgag an t-ainm a bha oirre.


Ge bith càit an rachadh Snàgag
cha dèanadh i fuaim sam bith.
Cha chluinneadh beathaichean eile
i a' tighinn.



Ach chluinneadh Snàgag na beathaichean eile uabhasach math.
Chluinneadh i na nathraichean eile a' siosarnaich.



Chluinneadh i na fionnain-feòir a' bìogail.



Chluinneadh i na muile-mhàgagan a' bàgail.





Aon latha chuala Snàgag nathraichean a' siosarnaich ri chèile. Bha i airson faighinn a-mach dè bha iad ag ràdh, agus shnàig i tron fheur gus an cluinneadh i na b' fheàrr.
Cha do rinn i fuaim sam bith agus cha chuala na nathraichean i a' tighinn.



“Halò!” arsa Snàgag.
“O, a Shnàgag! Chuir thu eagal oirnn,”
arsa na nathraichean. “Carson nach do rinn
thu siosarnaich mar a bhios sinne a’ dèanamh?
Mar sin cha tigeadh tu gun fhios dhuinn.”
“Ach chan urrainn dhomh siosarnaich,”
arsa Snàgag gu brònach, agus shnàig i air
falbh tron fheur.

Ach sa mhionaid sin chuala Snàgag
fionnain-feòir a’ bìogail.
Bha i airson faighinn a-mach carson
a bha iad a’ bìogail, agus shnàig i tron
fheur airson am faicinn. Cha do rinn i
fuaim sam bith, agus cha chuala na
fionnain-feòir i a’ tighinn.






“Halò!” arsa Snàgag.
“O, a Shnàgag! Chuir thu eagal oirnn,”
arsa na fionnain-feòir. “Carson nach eil
thu a’ bìogail mar tha sinne? Mar sin cha
tìgeadh tu gun fhios dhuinn.”



Dh’fheuch agus dh’fheuch Snàgag ri bìogail
a dhèanamh mar na fionnain-feòir, ach cha
robh sin gu feum sam bith. Cha b’ urrainn
dhi fuaim a dhèanamh idir.



“Chan urrainn dhomh bìogail,” arsa
Snàgag gu tùrsach agus shnàig i air falbh
tron fheur.



An uair sin chuala Snàgag muile-mhàgagan a' bàgail. Bha i airson faighinn a-mach carson a bha iad a' bàgail, agus shnàig i tron fheur airson am faicinn. Cha do rinn i fuaim sam bith agus mar sin cha chuala na muile-mhàgagan i a' tighinn.



“Halò!” arsa Snàgag.
 “O, a Shnàgag! Chlisg sinn,” arsa na muile-mhàgagan.
 “Carson nach eil thu a' bàgail mar tha sinne? Mar sin cha chuireadh tu eagal oirnn.”



Dh'fheuch agus dh'fheuch Snàgag ri bàgail mar na muile-mhàgagan ach cha robh sin gu math sam bith. Cha b' urrainn dhi fuaim sam bith a dhèanamh.



“Cha dèan mi siosarnaich. Cha dèan mi
biogail agus cha dèan mi bàgail,” arsa
Snàgag gu tùrsach. “O, ciamar nach
urrainn dhomh fuaim a dhèanamh?”



Bha Snàgag cho tùrsach is gun do
dh’fhalbh i a dh’fhuireach leatha fhèin.



Ach aon latha agus Snàgag a’ falbh tron
fheur chunnaic i rudeigin air an rathad.
Phut i a-mach às an rathad e.

GLAG!

“Dè bha siud?” thuirt Snàgag.

“Thug e clisgeadh orm!”

Thug Snàgag sùil air an rud a bha sin.
Dè bha ann ach glagad.
Phut Snàgag an glagad le h-earball.
GLAG! GLAG!



An uair sin chuir Snàgag a h-earball am
broinn a' ghlagaid.
GLAG! GLAG! GLAG!
Dh'fhàs am fuaim na bu làidire.
“Sgoinneil!” arsa Snàgag. “Feumaidh mi
seo a shealltainn dha na beathaichean eile.”
Agus a-mach a ghabh i.



Bha na beathaichean eile uile a' bruidhinn
 ri chèile nuair a chuala iad,
GLAG! GLAG! GLAG!
 Dh'fhàs am fuaim na bu làidire agus na
 bu làidire.
 "Seall!" thuirt iad. "S e Snàgag a th' ann.
 'S e nathair-glagail a tha innte!
 A-nis cluinnidh sinn i a' tighinn!"

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
 Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
 earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS
 MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO
 IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE
 PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Shoo Rayner 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
 A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004
 10 9 8

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
 air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
 ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
 Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
 Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Shoo Rayner a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh
 mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 603 1